

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Ceann-là/Àm: 07 Cèitean 2024 aig 09.30

Càite: Microsoft Teams

## Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

#### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

##### Buill Comataidh an Làthair:

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]  
Dòmhnull MacAoidh [DMA]  
Michelle NicLeòid [MNL]  
John N Dòmhnullach [JND]

##### A' Frithealadh:

Alasdair Dhòmhnullach, Ceannard/Oifigear Cunnatachail [ED]  
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]  
Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH]  
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra [NP]  
Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK] – *Puing 2-4*  
Karen Smith, Manaidsear Gniomhan [KS] – *Puing 5*  
Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh na geàrr-chunntais [OND]

#### 1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

SC – Comhairle na Gàidhealtachd

#### 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

### 2. Ionmhas

#### 2.1. Aithisg Ionmhas gu 31/03/2024

Thug NP iomradh air an aithisg, a' toirt fa-near gun tug i geàrr-chunntas air a' bhliadhna agus gun robh fo-chosgais de £3000 air a bhith ann, a' gabhail a-steach airgead a chaidh a thoirt air adhart bhon bliadhna roimhe agus airgead a chaidh a thoirt a-steach tron bhliadhna. Bha cothromachadh airgid de £1000 air a thoirt air adhart gu 2024/25.

Dh'fhaighnich Buill an robh fo-chosgais de £3000 àbhaisteach agus thug NP beagan fiosrachadh seachad air na tha air tachairt 's na bliadhnaichean roimhe.

#### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg ionmhas.

## 2.2. Aithisg Bhliadhnailear air Solarachadh

Thug NP fa-near gun deach solarachadh a gabhail os làimh ann an 2023/24 a' leantainn nam pròiseasan iomchaidh. Mar thoradh air seo chaidh dà chùmhnant a thoirt seachad às dèidh taigsean air làrach-lìn Procurement Scotland, chaidh aon taigse a thoirt gu companaidh às dèidh eacarsaich deasg agus aon taigse a thoirt gu companaidh às dèidh dòigh-dhèiligidh aon taigse.

Thug NP fa-near gun deach an aithisg a chleachdadh cuideachd gus dèanamh cinnteach nach robh tèr-gniomhan tionalach a' briseadh poileasaidh solarachaidean na buidhne agus thugadh fiosrachadh do Bhuill air mar a chaidh seo a thomhais.

Dh'fhaighnich Buill dè thachras nan robh taigsean nach eil air an coileanadh agus mhìnich NP na roghainnean eile airson fiosrachadh fhaighinn air seirbhisean coltach ris gus na pròiseasan a choileanadh.

Dh'iarr Buill fiosrachadh air mar a thathar a thathar a' dèanamh cinnteach nach eil cus sònraichadh anns na cùmhnanan. Mhìnich NP mar a tha cùmhnanan air an taghadh agus riaghlaigh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' faighinn luach an airgid.

Dh'fhaighnich Buill am biodh cuid de na cosgaisean nas ìsle mar thoradh air lùghdachadh san luchd-obrach agus dhearbh NP seo.

### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg bhliadhnailear air solarachadh.

## 2.3. Prìomhachasan Sgeamaichean Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean is Tabhartasan

### **Foghlaim 2024/25**

Thug SK iomradh air an fiosrachadh sa phàipear.

Dh'fhaighnich Buill dè an diofar a bh' ann eadar na suimeannan airson an HND agus HNC. Thug SK fios gu bheilear a' toirt suimeannan airgid eadar-dhealaichte mar thoradh air cho fad 's a tha an càrsa agus na cothroman a th' ann do luchd-iarrtais.

Dh'fhaighnich Buill an robh na prìomhachasan air atharrachadh agus thug SK fios gu robh atharrachaidhean beaga ann agus thugadh fios air na h-amasan nan atharraichean. Thugadh fios gum bithear a' dèanamh lèirmheas orra seo gach bliadhna airson dèanamh cinnteach gu robh iad iomchaidh.

Dh'fhaighnich Buill mu na slatan-tomhais agus uallach obrach ann a bhith a' sgrùdadadh gach neach fa-leth.. Thug SK fios gu bheilear a' measadh na h-iarrtasan airson tabhartasan tràth bhliadhnaichean a rèir na slatan-tomhais, agus airson tabhartasan foghlam thathar a' measadh iad seo a thaobh nan riaghailtean airson an sgeama.

### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Prìomhachasan.

### 3. Cleachdadh

#### 3.1. Fios mu Lìonra Oifigearan Gàidhlig

Thug IMM fios gu bheil coinneamhan gan cumail leis na h-Oifigearan Gàidhlig gach mìos, an dà chuid sa Ghàidhlig agus Beurla. Thugadh soilleireachadh air an diofar eadar an Lìonra agus an Sgeama Oifigearan Gàidhlig. Thugadh fios mu shoirbheachas agus dùblain nan coinneamhan agus na beachdan airson gluasad air adhart leotha.

Tha an stiùireadh reachdail airson Planaichean a-nise air aontachadh le Rùnaire a' Chaibineit agus gun tèid seo a' sgaoileadh.

Thugadh fios gu robhar air airgead fhaighinn bhon Riaghaltas airson an Sgeama Oifigearan Gàidhlig a chumail a' dol aig an aon ìre, agus thugadh tuilleadh fios air a' bhuaidh a bhios aig an airgead seo.

Dh'fhaighnich Buill mu cò bhios a' faighinn curidhean do na choinneamhan airson an Lìonra Oifigearan Gàidhlig agus thug IMM fios air na seòrsa de choinneamhan a th' ann, mar a tha iad ag obair agus cò bhios a' faighinn cuireadh.

Thog Buill cheist mu lèirmheas air an Sgeama Oifigearan Gàidhlig mar a chaidh iarraidh bhon Riaghaltas agus thug IMM fios air mar a thathar a' beachdachadh air seo a thoirt air adhart.

#### Co-dhùnadhdh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh san aithisg.

#### 3.2. Planaichean Gàidhlig

##### **PGR009 E03 Comhairle Baile Dhùn Èideann**

Thug IMM geàrr-chunntas seachad air an treas eagran de Phlana Ghàidhlig Comhairle Baile Dhùn Èideann agus fios mun adhartas a rinneadh san dàrna eagran. Thog IMM gu bheil e feumail gu bheil Plana Leasachaидh aig a' Chomhairle agus gu bheil Gàidhlig mar phàirt de seo. Thugadh fios cuideachd gu bheil a' Chomhairle air tòrr obair a' dèanamh sa choimhairsnachd agus blas air mar a tha seo air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh.

Thog Buill gum bu chòir beachdachadh air mar a b' urrainnear Gàidhlig do luchd-ionnsachaидh a bhrosnachadh thar nan Comhairlean. Thug IMM fa-near gu bheil e cudromach a bhith mothachail gur ann air cùisean ro-innleachdail a bu chòir na Planaichean Gàidhlig a bhith gus taic a' thoirt do Chomhairlean obair mhath a dhèanamh aig ìre gniomhachais.

#### Co-dhùnadhdh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig Comhairle Bhaile Dhùn Èideann.

### 3.3. Planaichean Gàidhlig

#### PGR022 E04 Comhairle na Gàidhealtachd

*\*Dh'fhàg SC na coinneimh agus thug DMA a chathair\**

Thug IMM geàrr-chunntas seachad air a' cheathramh eagan de Phlana Ghàidhlig Comhairle na Gàidhealtachd agus fios mun adhartas a rinneadh san treas eagan.

Mhol Buill am fiosrachadh feumail a tha ga thaisbeanadh sa Phlana agus gu robh am Plana taiceil don Ghàidhlig.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a tha oifigearan a cumail sùil air adhartas Planaichean fhad 's a tha iad a' dèanamh thar beatha a' Phlana. Thug IMM beachd air mar a thathar a' dèiligeadh le seo taobh a-staigh na buidhne agus na cothroman airson am pròiseas seo a leasachadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig Comhairle na Gàidhealtachd.

*\*Thill SC dhan choinneimh agus thug e a chathair\**

### 3.4. Planaichean Gàidhlig

#### PGR025 E03 Comhairle Pheirt is Cheann Rois

Thug IMM geàrr-chunntas seachad air an treas eagan den Phlana Ghàidhlig Comhairle Pheirt is Cheann Rois agus fios mun adhartas a rinneadh san dàrna eagan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig Comhairle Pheirt is Cheann Rois.

## 4. Ionnachadh

### 4.1. Fios as ùr air Foghlam

Thug JNH geàrr-chunntas air an fiosrachadh sa phàipear agus chaidh beachdachadh air an suidheachadh aig Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid agus na coinneamhan a chaidh a chumail leotha.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fiosrachadh sa phàipear.

### 4.2. Buaidh bho thaic Bhòrd na Gàidhlig air obair òigridh

Thug SK geàrr-chunntas air an fiosrachadh sa phàipear agus thogadh gu robh an ìre as mothà de thaic airson òigridh ann am beagan bhliadhnaichean air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig ann an 2023/24. Thugadh tuilleadh fios air ciamar a thèid seo neartachadh seo san àm ri teachd.

Thug SK tuilleadh fios air mar a thathar a' measadh mar a bhios buaidh aig maoineachadh air òigridh agus mhol Buill a' phròiseas.

Bheachdaich Buill air mar a b' urrainnear am fiosrachadh seo a chleachdadh airson an sgeulachd mhath a sgaoileadh. Thug an Ceannard agus IMM fios gu bheilear a' beachdachadh air seo agus cho feumail 's a bhiodh e seo a' sgaoileadh do chom-phàirtean is choimhearsnachdan.

Co-dhùnadhd:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## 5. Cùisean HR

### 5.1. Dàta HR

Thug KNG geàrr-chunntas air an fhiosrachadh sa phàipear.

Thog Buill gu robh e brosnachail gu robh ìre tinneas air a' crionadh.

Co-dhùnadhd:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

### 5.2. Slàinte is Sàbhailteachd

Thug KNG geàrr-chunntas air an fhiosrachadh sa phàipear. Chaidh a thogail gu robh na cosgaisean air a' dhol an àrd airson na seirbhis slàinte is sàbhailteachd agus thugadh beachd air na buannachdan a thig às an t-seirbhis seo.

Dh'fhaighnich Buill mu dheidhinn obair bhon taigh, agus thug a' Cheannard gu robhar a' coimhead air diofar mhodailean a thaobh obair sàbhailte aig an taigh agus oifis.

Co-dhùnadhd:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

### 5.3. Poileasaidhean HR

Thug KNG fios gun deach lèirmheas a' dèanamh air na poileasaidhean leis an t-seirbhis HR agus nach robh atharraichean susbainteach ann ach gu robh atharraichean air a chomharrachadh sa phàipear.

Co-dhùnadhd:

Dh'aontaich Buill ris na poileasaidhean mar a chaidh a thaisbeanadh.

## 6. Deagh Riaghlaigh

### 6.1. Bun-riaghailtean na Comataidh

Thug an Ceannard fios nach robh atharraichean susbainteach ann ach gu robh atharraichean air a chomharrachadh sa phàipear.

Thug IMM soilleireachadh do Bhuill air cuin a thèid Prìomhachasan Ro-innleachdail airson Phlanaichean Gàidhlig aontachadh.

Co-dhùnadhd:

Dh'aontaich Buill ris na Bun-riaghailtean.

## 6.2. Aithisg Bhliadhnaill na Comataidh

### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an Aithisg Bhliadhnaill.

## 7. Plana Obrach na Comataidh

### 7.1. Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Thug an Ceannard iomradh air a' Phlana Obrach agus gu robh e buailteach ri atharrachadh nuair a thèid am Plana Chorporra airson 2023-28 aontachadh.

### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach.

## 8. GISBE

Cha robh gin ann.

**Deireadh an seisean**